


Rach nad Fhuasglar- Còd an Dàrna Cogaidh

Na Còd-fhuasgalairean aig Bletchley Park

B' e Bletchley Park an t-àite diomhair anns an robh na còd-fhuasgalairean aig na Co-chòmhragaich stèidhte ann am Breatainn agus 's ann ann a thòisich teicneòlas fiosrachaidh mar as aithne dhuinn e san latha an-diugh. Dh'fhastaidh Bletchley feadhainn a bha fìor mhath air tàileasg, sàr-eòlaichean thòimhseachain-tarsainn, eòlaichean fiosrachaidh diomhair agus eòlaichean fiosan crioptaig gus feuchainn air buaidh fhaighinn air na còdaichean diomhair aig an taobh eile. B' e inneal Enigma nan Gearmailteach am fear a b' ainmeile dhiubh sin.



Inneal Enigma

An lùib na bha ann an innleanan Enigma bha rotairean cearcallach, cho math ri bòrd-phlugaidh, a bha a' cuideachadh gus milleanan de shuidheachaidhean a dhèanamh dha na teachdaireachdan a bha na feachdan Gearmailteach a' cur gu chèile. Bhathar ag iarraidh air luchd-cleachdaidh innealan Enigma na Gearmailt na suidheachaidhean atharrachadh gach 24 uair, rud a bha a' ciallachadh gun robh aig luchd-obrach Bletchley Park ri obair a latha 's a dh'oidhche, gu tric le làimh, gus feuchainn air na teachdaireachdan Enigma fhuasgladh.

AN ROBH FIOS AGAD?

Bha Sgoil Còd agus Fuasglaidh an Riaghaltais (GC & CS) agus Stèisean X, rèidio glacaidh diomhair, cuideachd aig Bletchley Park. Bha am fiosrachadh a chaidh fhaighinn le luchd-obrach aig Bletchley Park air leth cudromach airson iomairt nan Co-chòmhragaich sa chogadh.

AN ROBH FIOS AGAD?

Ann an 1939, ann an Warsaw, sheall armachd na Pòlainn do dh'aidseantan na Fràinge agus Bhreatainn am breithneachadh aca air an Enigma. Gheall iad Enigma a bha air a thogail anns a' Phòlainn dhaibh uile.

An t-Inneal Bombe

Dh'fhàs e follaiseach gun robh feum air feadhainn a bha air oideachadh sònraichte fhaighinn ann am Matamataig airson còdaichean Enigma fhuasgladh. Am measg nan ciad còd-fhuasglairan a bu chliùitiche aig Bletchley an toiseach bhana matamataigearean Alan Turing agus Gordon Welchman cho math ri sàr-chluicheadairean tàileasg Hugh Alexander agus Stuart Milner-Barry.

Bha Alan Turing dhen bheachd nach dèanadh ach inneal an gnothach air inneal eile, agus mar sin dhealbhaich e **an t-Inneal Bombe** gus an dèidheadh aca mu dheireadh air còdaichean Enigma fhuasgladh.


Am measg na bha anns na h-Innealan Bombe bha iomadh drum a bha a' dèanamh na bha rotairean cearcallach inneal Enigma a' dèanamh, a' leigeil le dearbhaidhean a bhith air an dèanamh gu luath air an robh fuasglaidhean ag obair no nach robh. Bha na chruthaich Turing a' ciallachadh gum faodadh còd-fhuasglairan Bletchley Park a bhith a' fuasgladh chòdaichean gu luath agus chaidh aca air am fiosrachadh air

thoirt seachad – gu tric le ùine gu leòr gus am b' urrainn dhaibh gnìomhan a chur an sàs. Bha Innealan Bombe cho soirbheachail 's nach robh fhios aig na Gearmailtich gun robh am fiosrachadh a bha iad a' cur air na h-innealan Enigma aca 'nach gabh fuasgladh' air a bhith air fhuasgladh leis na Co-chòmhragaich.

Bha mòran boireannaich cuideachd ag obair aig Bletchley Park agus bha iad an dèidh a bhith air am fastadh bho bhuidhnean leithid na WRNS (Seirbheis Cabhlach Rìoghail nam Ban), an ATS (Seirbheis Taic Tìre) agus an WAAF (Feachdan Adhair Taic nam Ban). Ro 1945, b' e boireannaich a bha ann an 75 sa cheud den luchd-obrach ann am Bletchley Park. Bha a' chuid a bu mhotha aca an sàs ann an obair rianachd; ach bha cuid aca nan còd-fhuasglairan, leithid Jean Valentine (a rugadh ann an 1924, ann an Alba) a bha ag obrachadh nan innealan Bombe. Bha aicese leis na fuasglaidhean eadar-dhealichte feuchainn gus feuchainn air na còdaichean Enigma fhuasgladh.

AN ROBH FIOS AGAD?

Tha luchd-eachdraidh dhen bheachd gun tug an obair aig Alan Turing agus na còd-fhuasglairan a bha còmhla ris an Dàrna Cogadh gu crìch dà bhliadhna nas tràithe na bhiodh e air crìochnachadh às an aonais.



Aghaidh Inneal Bombe aig Bletchley Park

A	•-
B	-•••
C	-•-•
D	-••
E	•
F	••-•
G	-•-•
H	••••
I	••
J	•-•-•
K	-•-•
L	•-•••
M	-•-•
N	-•
O	-•-•
P	•-•-•
Q	-•-•-
R	•-•
S	•••
T	-
U	••-
V	•••-
W	•-•-
X	-••-
Y	-•-•-
Z	-•-••

Rach nad Fhuasglar-Còd an Dàrna Cogaidh

👤 Gnìomh

An tèid agadsa air na còdaichean fhuasgladh?

Sgrìobh na litrichean a tha thu air fhuasgladh os cionn a' chòd fhad 's a tha thu ag obrachadh do rathad tron teachdaireachd..

•-• • •-•• •-•• / -•• -•- • / ••-• -•- •-• /
-•• • -•-• •• •-•• •••• • •-• •• -• -•-• / - •••• •• •••
/ -• • ••• ••• •- -•-• • / -•-• -•- ••- / •••• •- ••-• • /
-• •- -•• • / •- / -•-• -•- -•- -•• / ••• - •- •-• -

Smaoinich mu dhèidhinn . . .

Dè cho fada 's a thug e dhut an còd fhuasgladh?
Dè na ceuman a ghabh thu gus feuchainn air an còd fhuasgladh? Dè na duilgheadasan a bh' agad nuair a dh'fheuch thu an còd fhuasgladh?
Dh'fhaodadh gun robh na h-aon fheadhainn aig neach-obrach bho Bletchley Park ri fhuasgladh.
An robh agad ris a h-uile litir fhuasgladh no am

faodadh tu tuairmse a dhèanamh stèidhte air cuid dhe na litrichean a bha agad mu thràth?
Dè a dhèanadh tu ann an dòigh eile gus an còd fhuasgladh nas luaithe an ath thuras?
Bha aig na còd-fhuasglairan aig Bletchley Park ris na còdaichean obrachadh a-mach gu luath.

Gnìomh

Sgrìobh an teachdaireachd agad fhèin

A' cleachdadh còd A-Z air duilleag 28, sgrìobh gach litir dhen teachdaireachd agad ann an aon dhe na bocsaichean geala. Cleachd / gus beàrn eadar faclan a shealltainn. An uair sin, seall do theachdaireachd do chuideigin eile. An urrainn dhaibh a fhuasgladh? Bu chòir dhaibh na litrichean a chaidh fhuasgladh anns na bocsaichean a tha air an dubhadh.

Taic:

Faodaidh tu an grid seo a luchdachadh agus barrachd gnìomhan còd-fhuasglaidhean fhaighinn air-loidhne.

An do dh'fhuasgail thu an còd?

Bhiodh an luchd-obrach ann am Bletchley Park air faireachdainn dìreach mar a bha thusa a' faireachdainn! Bha aca ris na dùbhlain fhuasgladh 's iad fo uallach bho nach robh ùine aca. Gu tric bha aca ri feuchainn air na fhuasglaidhean a dhèanamh ann an iomadh dòigh agus modh gus an d' fhuair iad an fheadhainn a bha gam fhuasgladh.

Creideas: Tha na gnìomhan Còd-fhuasgladh anns an leabhar seo air a bhith air an ath-chleachdadh le cead chòir bho Bletchley Park Learning. Gus ionnsachadh mu Bletchley Park, tadhail air: bletchleypark.org.uk
